# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG:**
**DEASBAD 2023/24**

18 June 2024

Report By Chief Executive

**PURPOSE**

1.1 This Report provides an update on the 2023 Secondary Gaelic Schools Debate competition and plans for the 2024 event.

**EXECUTIVE SUMMARY**

2.1 The Deasbad will be commemorating 25 years since the first competition took place in 1999. Two competitions took place that year; the first at Sgoil Lionacleit and later that year in Edinburgh

2.2 The competition is open to all schools in Scotland which offer Gàidhlig at secondary level. Funding in 2023 was obtained from the following: The Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Education Scotland, SQA, SDS, Highland Council and Glasgow City Council. Further support was given by Loganair with a 30% reduction in fares

2.3 The Gaelic spoken skills of the participating pupils are greatly enhanced by debating a range of subjects, some serious, some light-hearted, some amusing, some difficult, some profound, some silly, but there is no doubt that whatever the subject, the majority who are involved enjoy it.

2.4 In 2023, fourteen schools took part. Sir E Scott A and B, Portree High School and James Gillespie's progressed to the final stages with Sir E Scott B emerging as the worthy winners.

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG:**
**DEASBAD 2023/24**

18 Ògmhios 2024

Aithisg leis an Àrd-oifigear

**ADHBHAR**

1.1 Tha an Aithisg seo a' toirt seachad fiosrachadh mu dheidhinn Deasbad 2023 agus na planaichean mu choinneamh Deasbad 2024.

**GEÀRR-CHUNNTAS**

2.1 Bidh an Deasbad a' comharrachadh 25 bliadhna on a ghabh a chiad Deasbad àite ann an 1999. Ghabh dà fharpais àite air a' bhliadhna sin; a' chiad dhiubh sin ann an Lionacleit agus nas fhaide air adhart sa bhliadhna ann an Dùn Èideann.

2.2 Tha an fharpais fosgailte don h-uile àrd sgoil ann an Alba. Tha maoineachadh a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar (a bhios ga chur air dòigh), Foghlam Alba, SQA, SDS, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Baile Ghlaschu. Tha taic a bharrachd a' tighinn bho Loganair le siubhal 30% lùghdachadh air fàraidhean.

2.3 Tha sgilean conaltraidh nan sgoilearan air an neartachadh gu mòr le bhith deasbad air iomadach cuspair trom is aotrom, eibhinn is duilich, glic is gorach agus chan eil teagamh nach eil e air còrdadh ris a' mhor chuid a tha air a bhith na luib.

2.4 Ann an 2023, ghabh ceithir sgoiltean deug àite. Is iad Sir E Scott A agus B, le Àrdsgoil Phortrigh agus Sgoil Sheumais Ghilleasbaig a fhuair gun a cuairtean deireannach. Aig a cheann thall, is iad Sir E Scott B a bhuannaich.

2.5 With increased costs, funding is becoming more of a struggle each year. Funding to local authorities and national support organisations have remained at a standstill and this is putting increased pressure on those who want to support. It will be necessary to find a main sponsor, akin to BT Scotland, who invested significantly in the competition for many years. At the height of their support some 15 years ago they allocated 15k per annum.

2.5 Leis gu bheil cosgaisean air sìor èirigh anns na bliadhnaichean a chaidh seachad tha e dùbhlannach dhan chomataidh maoineachadh a lorg. Chan eil barrachd a' tighinn gu na buidhnean taic agus tha barrachd uallach a thaobh maoineachadh air gach buidheann taic, aig ìre nàiseanta. Bidh e riatanach dhan chomataidh prìomh bhuidheann maoinichidh a lorg airson cumail a' dol. Bha BT Alba a' tabhann 15k gach bliadhna o chionn còrr air còig bliadhna deug air ais.

**3.1 RECOMMENDATIONS**

**It is recommended that the Comhairle note the content of this Report.**

**3.1 MOLAIDHEAN**

**Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge seo.**

Contact: Officer: Evelyn Coull NicLeòid, evelyn@gnes.net
Appendix:
Background Papers:

Cuir fios gu: Evelyn Coull NicLeòid, evelyn@gnes.net
Fa-sgrìobhadh:
Pàipearan Fiosrachaidh

**IMPLICATIONS**

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1

| **Resource Implications** | **Implications/None** |
|---|---|
| Financial | % to be met from Comhairle budgets |
| Legal | None |
| Staffing | None |
| Assets and Property | None |
| | |
| **Strategic Implications** | **Implications/None** |
| Risk | None |
| Equalities | None |
| Corporate Strategy | Corporate Strategy Priority 1.5: Gaelic Language & Culture |
| Environmental Impact | None |
| Consultation | None |

**BUAIDH**

Tha na leanas mar bhuaidhean a thaobh na h-Aithisge.

4.1

| **Buaidhean Stòras** | **Buaidh/Neo-ni** |
|---|---|
| | |
| Ionmhas | % ris an tèid coinneachadh bho bhuidseatan na Comhairle |
| Laghail | Neo-ni |
| Sgiobachd | Neo-ni |
| So-mhaoin is Tog | Neo-ni |
| | |
| **Buaidhean Ro-innleachdail** | **Buaidh/Neo-ni** |
| Cunnart | Neo-ni |
| Co-ionnanachd | Neo-ni |
| Ro-innleachd Chorporra | Ro-innleachd Chorporra Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar |
| Buaidh air an Àrainneachd | Neo-ni |
| Co-chomhairleachadh | Neo-ni |